

NÒSAN NÀISEANTA

Fòram Nàiseanta nam Pàrant an Alba Geàrr-chunntas Gàidhlig Nàiseanta 5

Tha an cùrsa seo freagarrach do fhileantaich agus luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a tha air a dhol tro fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig.

Gàidhlig

CÀNANAN

NÀISEANTA

5

Dè na sgilean a gheibh an leanabh agam?

- leughadh, èisteachd, labhairt agus sgrìobhadh sa Ghàidhlig, iomchaidh airson adhbhar agus luchd-amais
- a' tuigse, a' mion-sgrùdadh agus a' luachadh teacsaichean fillte ann an co-theacsaichean eadar-dhealaichte
- a' cruthachadh agus ag ullachadh theacsaichean fillte ann an raon de cho-theacsaichean, cuid air a bheilear eòlach agus cuid air nach eilear eòlach
- a' planadh, a' rannsachadh, a' ceangal ri chèile agus a' cur an cèill sgilean cànan neo-fhillte
- a' cleachdadh eòlas cànan
- an comas a bhith a' tuigsinn bheachdan agus fiosrachadh nas fillte air a labhairt agus ann an sgrìobhadh
- an comas a bhith a' cur an cèill bheachdan agus fiosrachadh ann an còmhradh agus sgrìobhadh le cinnteachd theicnigeach
- sgilean litearrachd bhreithneachail
- sgilean pearsanta, eadar-phearsanta agus obair sgioba
- eòlas air dualchas chultarail na Gàidhlig agus dualchas chultarail dhaoine eile

An
t-ionnsachadh
òg, an
t-ionnsachadh
bòidheach

DÈ AN T-EÒLAS A GHEIBH AN LEANABH AGAM TRON CHÙRSA?

- Ionnsachadh dèanadach agus neo-eisimeileach tro fhèin mheasadh agus bho cho-aoisean, a' beachdachadh air ionnsachadh, a' suidheachadh amasan, a' measadh adhartas, a' dèanamh co-dhùnidhean neo-eisimeileach, a' cleachdadh sgeamaichean leughaidh, làraich-lìn, innealan ionnsachaidh a' cleachdadh an eadar-lìn.
- Measgachadh de dhòighean-obrach seòmar-sgoile ann an àrainn làidir tro mheadhan na Gàidhlig a' cleachdadh na Gàidhlig air a labhairt agus air a sgrìobhadh bho raon de nua-shuidheachaidhean agus bho litreachas Gàidhlig iomchaidh; ag obair ann an càraidean no buidhnean; a' co-roinn ionnsachadh tro dheasbad buidhne agus clas, òrain Ghàidhlig
- ionnsachadh co-obrachail; deagh cheanglaichean riatanach ri buidhnean Gàidhlig agus a' choimhearsnachd Ghàidhlig (me air-loidhne, rèidio) a' cleachdadh na Gàidhlig fad na h-ùine
- Cothrom air pearsantachadh agus taghadh: bidh e comasach do na h-oileanaich an cuspair fhèin a thaghadh le taic bhon tidsear, airson an Obair Gnìomh
- A' cur an gnìomh ionnsachadh
- A' daingneachadh sgilean litearrachd agus àireamhachd: a' rannsachadh agus a' taisbeanadh fiosrachaidh; a' luachadh; a' deasbaireachd; ag èisteachd; a' còmhradh; sgilean ICT.

MEASADH

- Thèid an cùrsa a mheasadh tro dhà phàipear-deuchainn, Gnìomh Còmhradh (a tha air a mheasadh on taobh a-staigh), agus Obair Shònraichte - sgrìobhadh (a tha air a mheasadh leis an SQA agus air a rangachadh A gu D).
- Tha na pàipearan-deuchainn a' dèanamh suas còrr is leth de na comharran measaidh gu lèir: Leughadh agus Litreachas (50 comharran) agus Èisteachd (20 comharra). Anns na pàipearan Leughaidh agus Litreachais feumaidh sgoilearan ceistean a fhreagairt air teacsa sgrìobhte ann an Gàidhlig nach fhaca iad roimhe agus aiste a sgrìobhadh air teacsa air an do rinn iad sgrùdadh sa chlas. Anns a' phàipear èisteachd feumaidh sgoilearan ceistean a fhreagairt air teacsa labhairte ann an Gàidhlig nach cuala iad roimhe.
- Anns an Obair Shònraichte (20 comharra) feumaidh sgoilearan pìos sgrìobhadh cruthachail no breithneachail a sgrìobhadh ann an Gàidhlig.
- Anns a' chòmhradh (30 comharran) feumaidh sgoilearan còmhradh a chumail ann an Gàidhlig air cuspair a thagh iad fhèin.

Tha Nàiseanta 5 a' leantainn air adhart gu Gàidhlig Àrd-ìre

Airson barrachd fiosrachaidh cùrsa:

SQA: Gàidhlig Nàiseanta 5: www.sqa.org.uk/sqa/47412.html

Foghlam Alba: <https://education.gov.scot/nationalqualifications>

Curraicealam airson sàr-mhathais – Faidhle Fiosrachaidh air Prìomh Phuingean:

<https://education.gov.scot/parentzone/Documents/CfEFactfileOverview.pdf>



the National Parent Forum of Scotland

www.parentforumscotland.org

enquiries@parentforumscotland.org

[parentforumscotland](https://www.facebook.com/parentforumscotland)

[parentforumscot](https://www.tweet.com/parentforumscot)